

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Cartadh gun Rùsg

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,206. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 902 corresponds to Litir 1,206. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi a' toirt sùil air an leabhar ainmeil aig an Oll. Somhairle MacIain, no Samuel Johnson – *A Journey to the Western Islands of Scotland*. Tha e mu dheidhinn turas a ghabh e fhèin agus Seumas Boswell air a' Ghàidhealtachd ann an seachd ceud deug, seachdad 's a trì (1773).

Nise, 's e fear de na lus an beaga as fheàrr leam fear ris an canar 'cairt-làir'. Tha flùraichean beaga buidhe air. Anns gach flùr tha ceithir flùr-bhileagan. Tha cairt-làir a' ciallachadh 'rùsg a tha a' fàs air an talamh'. Ann am Beurla, canaidh daoine *tormentil* ris.

Carson as e 'cairt-làir' a th' air an lus? Uill, anns an t-seann aimsir, bhiodh daoine a' cleachdadh cairt craoibhe – no rùsg craoibhe, gu h-àraidh rùsg-daraich – airson leathar agus lìn a chartadh. *To tan leather and nets*. Airson leathar agus lìn a chartadh. Tuigidh sibh gu bheil cartadh a' ciallachadh *tanning*. Ge-tà, **far an robh craobhan-daraich gann**, bhiodh daoine a' cleachdadh freumhaichean na cairt-làir airson cartadh.

Chòrd e rium anns an leabhar aig Somhairle MacIain gun do rinn e iomradh air sin. Bha e anns an Eilean Sgitheanach agus sgrìobh e gum fac' e daoine a' cur bhrògan dhen t-seann seòrsa gu feum. Bha e a' ciallachadh le sin '*brogues*'.

Sgrìobh e gun robh iad a' dìon chasan daoine bho chlachan ach nach robh iad a' cumail uisge a-mach. Bha iad air an dèanamh roimhe de pheallagan – seichean amh. Leis nach robh an leathar air a chartadh, cha robh na 'brògan' a' maireachdainn fada – tha MacIain ag ràdh dìreach dà latha.

Saoilidh mi gu bheil e a' dèanamh tuairisgeul de chuarain, seach brògan. Tha Dwelly a' toirt seo dhuinn: Cuaran – *sock, brogue of untanned skin, commonly worn with the hairy side outwards*. Tha MacIain ag ràdh, ge-tà, gur ann an rathad eile a bha iad – leis an taobh ròmach air an taobh a-staigh, seach air an taobh a-muigh.

Co-dhiù, tha MacIain ag ràdh gun robhar a' cartadh an leathair le rùsg-daraich mar a bhitheadh ann an 'àiteachan eile' no le bèilleag no freumhaichean na cairt-làir.

Nise, dh'ionnsaich mi rud ùr bhon chunntas aig MacIain. Sgrìobh e gun robh freumhaichean na cairt-làir air am moladh do luchd-cartaidh na h-Èireann le cuideigin a fhuair duais air a shon bho phàrlamaid na dùthcha sin.

A bheil sin a' ciallachadh gur e rud ùr a bh' ann aig an àm sin ann an Alba cuideachd? Nach robh fios aig muinntir na h-Alba roimhe sin gum biodh freumhaichean na cairt-làir feumail airson cartadh? Chan eil fhios a'm.

Co-dhiù, tràth anns an ochdamh linn deug, bha craobhan-daraich a' fàs gann ann an Èirinn. Rinn Uilleam Maple rannsachadh air a' chùis. Sgrìobh e agus dh'fhoillsich e leabhran mu a deidhinn ann an ochd ceud deug, fichead 's a naoi (1829). Fhuair e duais luach dà cheud not bhon Phàrlamaid airson a chuid obrach. 'S e an tiotal a th' air an leabhran '*A Method of Tanning without Bark*'.

Saoilidh mi gur e fear na Beurla a bh' ann am Maple. Ach, anns a' chunntas aige, tha e a' toirt dhuinn còig diofar ainmean air an lus ann an Gàidhlig na h-Èireann. Rinn e obair mhath.

* * * * *

Faclan na Litreach: An t-Oll. Somhairle MacIain: *Dr Samuel Johnson*; cairt, rùsg: *bark*; peallagan, seichean amh: *raw hide(s)*; cuaran: *sock, old brogue of untanned skin (also used for an open leather sandal)*; bèilleag: *birch bark*; freumhaichean na cairt-làir: *tormentil roots*.

Abairtean na Litreach: turas a ghabh e fhèin agus Seumas Boswell air a' Ghàidhealtachd: *a tour that he and James Boswell took in the Highlands*; anns gach flùr tha ceithir flùr-bhileagan: *in every flower there are four petals*; bhiodh daoine a' cleachdadh rùsg craoibhe, gu h-àraidh rùsg-daraich: *people would use tree bark, particularly oak bark*; airson leathar agus lìn a chartadh: *to tan leather and nets*; gun do rinn e iomradh air: *that he mentioned*; gum fac' e daoine a' cur bhrògan dhen t-seann seòrsa gu feum: *that he saw people putting shoes of the old type to use*; a' dìon chasan daoine bho chlachan: *protecting people's feet from stones*; ach nach robh iad a' cumail uisge a-mach: *but that they weren't keeping water out*; cha robh X a' maireachdainn fada: *X weren't lasting long*; leis an taobh ròmach air an taobh a-staigh: *with the hairy side on the inside*; air am moladh do luchd-cartaidh na h-Èireann: *recommended to the tanners of Ireland*; le cuideigin a fhuair duais air a shon bho phàrlamaid na dùthcha sin: *by somebody who received a prize for it from that country's parliament*; bha craobhan-daraich a' fàs gann ann an Èirinn: *oak trees were becoming scarce in Ireland*; dh'fhoillsich e leabhran: *he published a booklet/pamphlet*; luach dà cheud not: *worth two hundred pounds*; tha e a' toirt dhuinn còig diofar ainmean air an lus ann an Gàidhlig na h-Èireann: *he gives us five different names for the plant in Irish Gaelic*.

Puing-chànain na Litreach: 's e fear de na lusan beaga as fheàrr leam ...: *one of the small plants I like best is ... This is a good structure to remember and to try to use*. Dè as fheàrr leat 'what do you prefer'? 'S e leann as fheàrr leam ach òlaidh mi fìon 'it's beer I like best, but I'll drink wine'. Dè as fheàrr le Seumas – ìm no margarain? 'what does James prefer – butter or margarine?' 'S e margarain as fheàrr leis 'it's margarine he prefers'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: far an robh craobhan-daraich gann: *where oak trees were scarce*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA